



cùisean uaine

pacaigeadh air biadh	1
pacaigeadh air biadh – maids am biadh	2
dòighean air cumhachd a shàbhaladh san dachaigh	3
ath-chuartachadh – tha fhios gu bheil sin ciallach!	4
aodach agus an àrainneachd	5-6
abair sgudal	7-8

cùisean
uaine

pacaigeadh air biadh



Ann an dùthchannan bochda, chan eilear a' reic mòran bìdh a tha air a phacaigeadh ro-làimh ach tha ana-caitheamh ga dhèanamh air mòran bìdh oir:

- Tha am biadh a' grodadh.
- Bidh biastagan ga mhilleadh.
- Tha e air a mhilleadh le droch phacaigeadh.

a' dèanamh tuairisgeul

a' gleidheadh

mhilleadh

a ghiùlan

Lìon na beàrnan anns na seantansan gu h-ìosal. Tha na facail a dh'fheumas tu sa bhogsa gu h-àrd.

1. Tha biadh ann am pacaidean gus am bi e furasta _____.
2. Tha pacaidean a' dìon bìdh bho _____ nuair a thathas ga ghiùlan.
3. Tha canaichean is cartain shònraichte _____ bhiadhan gus am mair iad nas fhaide.
4. Tha bileagan pacaidean _____ air biadh ach am bi fios aig daoine dè tha anns na pacaidean.

Thoir seachad dà adhbhar eile air carson a tha sinn a' cur pacaigeadh air biadh.

5. _____

6. _____

cùisean
uainepacaigeadh air biadh –
maids am biadh

Maids am biadh sa cholbh air an làimh chli ris a' phacaigeadh cheart bhon cholbh air an làimh dheis.

Uighean	Piotsa	Cartan uighean
Sàrdainean	Paidh ubhail	Truinnsear foidhl
Peitseagan	Bainne	Cana flat
Sùgh mheasan	Burgar teth	Bogsa cairt-bhòrd
		Cartan polastaidhrean
		Cartan cairt-bhòrd
		Tiona

Rinn mi a' chiad fhear dhut.

1. Uighean = cartan uighean
2. Sàrdainean =
3. Bainne =
4. Piotsa =
5. Paidh ubhail =
6. Peitseagan =
7. Burgar teth =
8. Sùgh mheasan =

Lìon an clàr gu h-ìosal:

BIADH	PACAIGEADH	ADHBHARAN
Burgar teth		
Uighean		
Piotsa		




cùisean uaine

dòighean air cumhachd a chaomhnadh san dachaigh




Leugh na molaidhean gu h-ìosal. Chì thu mar a dh'fhaodas tu cumhachd a chaomhnadh san dachaigh. Cuidichidh sin le a bhith dìon na h-àrainneachd.


Dùin na cùrtearan air an oidhche gus nach fhaigh an teas a-mach tro na h-uinneagan.



Na cuir barrachd uisge na dh'fheumas tu dhan a' choire.




Cuimhnich gun cuir thu dheth na solais nuair a thèid thu a-mach à rùm sam bith.



Ma tha car-thiormaichear agad, na lion e le aodach a tha bog fluich – fàisg an t-aodach no cuir dhan tioramadair-aodaich e an toiseach.



Feuch am bi luchd slàn agad ri nighe mus cleachd thu an t-inneal nigheadaireachd. Mura bi sin agad, cleachd na goireasan 'leth-luchd' no 'eaconamaidh' ma tha a leithid air an inneal agad.



Ma tha thu a' fàgail an taighe airson latha no dhà, fàg an teas air aig ìre ìosal. Nì seo cinnteach nach reoth an t-uisge, ach cha bhi e ro chosgail.



Tha pùdair nigheadaireachd an-diugh ag obair gu h-èifeachdach aig teòthachdan nas ìsle. Mura bheil an t-aodach ro shalach, cuir air an t-inneal aig teòthachd ìosal.





cùisean uaine

ath-chuartachadh – tha fhios gu bheil sin ciallach!

Gach bliadhna, tha Breatann a' tiodhlacadh no a' losgadh fiach £750 millean de stuth a ghabhadh ath-chuartachadh agus a' pàigheadh cha mhòr an aon shùm airson an obair sin a dhèanamh. An uair sin, tha sinn a' pàigheadh £1 billean eile airson stuth a chur an àite na thilg sinn a-mach.

'S e cosg airgid mòr a tha seo, ach chan e sin an aon chosgais. Nuair a ghrodas sgudal, tha gasaichean leithid meatan is carbon dà-ogsaid gan leigeil às. Tha iad a' cur ri Buaidh an Taigh-ghlainne. Ma loisgear sgudal, tha stuthan togsaig is truailleadh eile gan leigeil às. Tha tuilleadh truailidh ga adhbharachadh nuair a thathas a' cruthachadh na cumhachd a dh'fheumar airson stuth ùr a dhèanamh an àite na chaidh a thilgeil a-mach.

Gach bliadhna, tha teaghlach àbhaisteach de cheathrar a' tilgeil a-mach eadar aon is dà thunna de sgudal. Ann am biona sgudail àbhaisteach bidh na leanas:



30% stuth organach



30% pàipear



8% measgachadh



8% plastaig

10% glainne



4% aodach fighte



10% meatailt



Dh'fhaodadh 80% de na tha sinn a' tilgeil a-mach a bhith air ath-chleachdadh.

Cruinnich botail ghlainne, canaichean stàilinn is almain is pàipear airson an ath-chuartachadh.



cùisean uaine

aodach agus an àrainneachd

Tha daoine bho air feadh an t-saoghail a' gabhail ùidh anns na dòighean as fhèarr airson talamh agus stòrasan a chleachdadh airson ar n-àrainneachd a dhìon. Gach bliadhna, tha gnìomhachas an aodaich a' cleachdadh mìltean de thunnachan uisge airson aodach a dhèanamh.

Tha fios againn gu bheil na dathan agus an stuth ceimigeach a tha a' ruith a-steach dhan uisge a' truailleadh na h-àrainneachd. Tha atharrachadh a' tighinn air seo beag air bheag. Tha iad a' feuchainn ris an uisge a tha iad a' cleachdadh ath-chleachdadh agus tha dathan ùra a' tighinn a-mach nach eil cho togsaig.

Chaidh snàithlean ùr, Tencel, a chruthachadh le dìon na h-àrainneachd gu mòr air a chùlaibh. Tha iad cuideachd a' dèanamh ath-chleachdadh air botail airson PET a chruthachadh agus tha an snàithlean seo air a chleachdadh airson an seòrsa aodaich a tha ann an an seacaidean fleece a dhèanamh.



ATH-CHLEACHDADH SAN FHASAN!

Thairis air na deich bliadhna a chaidh seachad, tha ath-chleachdadh air aodach air fàs gu math cumanta agus fasanta. An-diugh, faodaidh cha mhòr a h-uile seòrsa aodaich a bhith air ath-chleachdadh agus tha seo a' cruthachadh aodach ùr fasanta a tha saor.

Tha an companaidh Scrap Scrap à Sasainn na eisimpleir mhath de chompanaidh a tha ag ath-chleachdadh aodaich. Tha iad a' toirt an aodaich às a chèile agus a' cleachdadh na cuid as fhèarr dheth airson aodach às ùr, aig inbhe àrd, a dhèanamh leis.

Tha an stuth aca air a reic ann am bùthan anns na bailtean mòra.



ATH-CHLEACHDADH AODAICH

Tha buannachdan mòra an lùib a bhith a' dèanamh ath-chleachdadh air aodach.

1. Chan eil uiread de rùm air a chleachdadh aig ionadan-sgudail. Tha cuid de sheòrsaichean aodaich ann nach eil idir furasta am bristeadh sìos, me Synthetic. Agus tha meatan a' tighinn bho aodach clòimhe nuair a tha e a' grodadh agus chan eil seo a' cuideachadh le blàthachadh na cruinne.
2. Chan eil uiread de dh'fheum air aodach ùr a chruthachadh agus tha sin a' ciallachadh nach eil uiread de dh'fheum air dathan agus stuth ceimigeach a chleachdadh.
3. Chan eil uiread de sgudal tana air a chruthachadh.



cùisean uaine

aodach agus an àrainneachd



Tha ceumannan ann a dh'fhaodadh sinn a ghabhail le ath-chleachdadh aodaich an àite a bhith gan tilgeil air falbh.

1.

6.



2.

5.

3.

4.

1. _____

2. _____

3. _____

4. _____

5. _____

6. _____

cùisean
uaine

abair sgudal

Duilleag 1



Beachdaich air mar a thathas a' faighinn cuidhteas sgudail san dachaigh agad fhèin ann an seachdain àbhaisteach.

An uair sin, freagair na ceistean a leanas:

1. Am bi an teaghlach agad ag ath-chuartachadh stuth sam bith?

bidh/cha bhi

2. Ma fhreagair thu 'Bidh', cuir ✓ mu choinneamh nan rudan a tha sibh ag ath-chuartachadh

glainne		
plastaig		
pàipear		
meatailt (canaichean dheochan is bìdh)		
stuthan a ghrodas (corran bìdh is msaa)		
aodach is stuth aodaich		

3. An tug a' chomhairle dhuibh bionaichean sònraichte airson ath-chuartachadh?

thug/cha tug

4. An do rinn sibh feum de ionadan ath-chuartachaidh?

(Mar as trice, bidh àiteachan aca anns an cuir sibh glainne de dhiofar dhathan, pàipearan-naidheachd, canaichean agus, uaireannan, aodach. Tha na h-àiteachan sin suidhichte gu tric ann am pàirc chàraichean nam mòr-bhùthan.)

rinn/cha do rinn

5. 'S e aon dòigh air aodach ath-chuartachadh a thoirt gu bùthan carthannais. Am bi thu fhèin no duine san teaghlach agad a' dèanamh seo?

bidh/cha bhi



cùisean uaine

abair sgudal

Duilleag 2



Tha a bhith mì-chùramach mu chleachdadh cumhachd na phrìomh adhbhar air blàthachadh na cruinne.

1. A bheil e na chleachdadh agad a bhith a' cur dheth solais is uidheaman dealain nuair a tha thu deiseil gan cleachdadh?

daonnan/uaireannan/ainneamh

2. Caomhnaidh tu uisge ma ghabhas tu fras an àite a dhol dhan amar.
Dè 's àbhaist dhut a dhèanamh?

a dhol dhan amar/fras a ghabhail

3. A bheil car-thiormaichear san dachaigh agad?

tha/chan eil

Ma tha, am bi thu ga chleachdadh?

bidh/cha bhi

4. Tha fhios agad bhon leabhar fiosrachaidh agad gu bheil grunn rudan a dh'fhaodas tu a dhèanamh a nì an dachaigh agad nas èifeachdaiche a thaobh cumhachd a chaomhnadh. Bruidhinn air seo ris an teaghlach agad. Cuir ✓ anns a' chlàr gu h-ìosal mu choinneamh gach ro-innleachd air cumhachd a chaomhnadh.

Teas-dhìon air tanca an uisge is air pìoban	
Glainne dhùbailte air uinneagan is dorsan	
Teas-dhìon air an lobhta	
Globan solais nach eil trom air cumhachd	
Teas-dhìon ann am ballachan an taighe	
Riaghladair teas fa leth air gach teasadair	



clàr-mìneachaidh

àbhaisteach	cumanta, coitcheann
adhbharachadh	a' toirt air rud tachairt
àrainneachd	an t-àite timcheall air neach no beathach agus sa bheil iad a' fuireach
ath-chleachdadh	a' cur rud gu feum a-rithist
ath-chuartachadh	am pròiseas leis am bi stuthan nach eil feumail tuilleadh air an atharrachadh gu rud ùr
blàthachadh	a' dèanamh rud no àite nas blàithe
measgachadh	stuthan fa leth gan cur còmhla
nighdaireachd	nighe aodaich
organach	a' buntainn ri rud beò
riaghladair	neach no buidheann a nì riaghailtean a leanas feadhainn eile
tiodhlacadh	a' cur rud fon talamh